


beatha
le
buaidh

Ronaldo

DIGITAL STUDIO
Ronaldinho



beatha le
buaidh

beatha le buaidh

© 2007 Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig
Cònan, le taic bho Bhuidheann Eadar-roinneil airson
Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd (Community Learning and
Development Review Group for Gaelic).

© Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha
riochdaichte air MRG 2007.

Tha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a' faighinn taic bho
Bhòrd na Gàidhlig.

Dealbh còmhdaich © ?.

Na dealbhan le ?.

Na còraichean uile glèidhete. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen
leabhar seo ath-riochdachadh ann an cruth sam bith, no ann an dòigh
sam bith gun chead ro làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig.

Deilbhte le Cànan Earranta.


Clò-bhuailte le Nevisprint, Inbhir Nis.

LAGE/ISBN 978-1-904730-72-9



Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

An teacs le Gillebride Mac'Uilemhaoil.




RONALDINHO

Ronaldinho

Sann dìreach mar Ronaldinho as fheàrr a dh'aithnicheas daoine fear dhe na cluicheadairean ball-coise as fheàrr air an t-saoghal. Rugadh Ronaldo de Assis Moreira ann an 1980 ann am Brasil agus ghabh e Ronaldinho air fhèin gus dealachadh a dhèanamh eadar e fhèin agus an cluicheadair ainmeil eile à Brasil, Ronaldo. Tha Ronaldinho air cluicheadair ball-coise cho math agus a bha ann a-riamh. 'S dòcha gur e an rud a tha ga chur air leth bho chàch, a bharrachd air a sgil le ball, gu bheil e daonnaン cho toilichte nuair a bhios e a' cluich. 'S ann gu math ainneamh nach bi fiamh a' ghàire air Ronaldinho ann an gèam sam bith.

RONALDINHO



4
5

RONALDINHO



Conradh Íomha RONALDINHO

Toiseach tòiseachaidh


Cha robh an teaghlaich aig Ronaldinho idir cho bochd ri iomadach cluicheadair ball-coise eile à Aimeireaga a Deas. B' e nurs a bha na mhàthair agus bha athair ag obair ann an gàrradh-iarainn. B' e cluicheadair ball-coise a bha na athair cuideachd ged a b' fheudar dha stad a chluich a chionn 's gun deach a ghoirteachadh. Mar sin, ann an dùthaich mar Bhrasil far a bheil tòrr bochdainn, bha teaghlaich Ronaldinho gu math dheth agus bha làithean òige gu math sona.

RONALDINHO

A' cluich gu proifeiseanta

Bha Ronaldinho 18 mus do chluich e an toiseach mar phroifeiseantach dhan sgioba Gremio agus cha tug e fada gus an robh e air cliù a chosnadh dha fhèin. Cha b' fhada gus an robh sgiobaidhean mòra na Roinn-Eòrpa ag iarraidh a thàladh thuca fhèin. Ged a bha sin fior chaidh Ronaldinho a Pharis gus cluich le Paris St. Germain, sgioba nach robh cho ainmeil. Bha e an sin airson dà bhliadhna agus ann an 2003, chaidh e gu Barcelona. Phàigh Barcelona f18 millean not air a shon. Bhuannaich Barcelona Lìg na Spàinne ann an 2005 agus 2006 agus buannaich iad Lig na h-Eòrpa ann an 2006 cuideachd. Tha eòlaichean dhen bheachd nach biodh Barcelona air a bhith cho soirbheachail gun Ronaldinho.

RONALDINHO



RONALDINHO

RONALDINHO



Can @orden tan can

© JP Laffont/Sygma/CORBIS

RONALDINHO



Conasadh

RONALDINHO

Brasil


Chan ann le clubaichean a-mhàin a tha Ronaldinho air a bhith soirbheachail. Bhuannaich sgioba Bhrasil Cuach na Cruinne ann an 2002 agus a-rrithist bha buaidh mhòr aig Ronaldinho air sin. Tha an gèam eadar Brasil agus Sasainn ann an cuimhne mòran fhathast. Fhuair Ronaldinho tadhail bho 30 meatair agus beagan ùine an dèidh dha an tadhail fhaighinn chaidh a chur far na pàirce airson cluicheadair Sasannach a bhreabadh. Chluich Ronaldinho anns a' Chuairt Dheireannaich nuair a rinn iad an gnothach air A' Ghearmailt.

RONALDINHO

B' e Cuach na Cruinne ann an 2006 a' chiad bhriseadh-dùil mòr a fhuair Ronaldinho na bheatha phroifeiseanta. Cha do chluich e ro mhath ann an Cuach na Cruinne sa Ghearmailt agus chaidh Brasil a chur a-mach anns a' Chairteal-chuairt Dheireannaich. Gu dearbh chaidh Ronaldinho a chàineadh gu dubh airson pàrtaidh a chumail na thaigh dìreach dà latha an dèidh call ann an Cuach na Cruinne.

14

15



RONALDINHO

RONALDINHO



Con òrann leis RONALDINHO

Far na páirce

Tha ìomhaigh Ronaldinho ri fhaicinn air iomadh stuth. Tha Ronaldinho a-nis a' cosnadh barrachd bho shanasachd na cluicheadair ball-coise sam bith eile. Bidh e a' sanasachd aodach, deochan, geamaichean coimpiutair agus tha comaig ann mu dheidhinn fhèin. Tha cliù aig Ronaldinho airson a bhith toilichte an-còmhnaidh. Chan eil dad as fheàrr leis na bhith a' seinn agus a' dannsa ri ceòl Brasilianach còmhla ri a charaidean. Bidh sin a' tighinn am bàrr nuair a gheibh e tadhal oir bidh e a' dèanamh dannsa air a' phàirc an dèidh làimhe.

Tha e follaiseach gu bheil Ronaldinho air an t-uamhas a dhèanamh agus gu bheil cothrom aige fhathast barrachd cliù a chosnadh dha fhèin mar fhear de na cluicheadairean ball-coise a b' fheàrr a bha ann a-riamh.

RONALDINHO

Cò e?

Latha Breith

21/03/1980



Cò às a tha e?

Brasil

Aois a thòisich e air cluich mar
phroifiseantach.

18

Teaghlaich

Bho theaghlaich gu math
beairteach.

Duaisean

Cuach na Cruinne, 2002

Lìg na Spàinne

Lìg na h-Eòrpa